

Dè tha thu ag iarraidh?

Learn the Gaelic for some foods and drinks

Say what you would like to eat/drink/buy

Say that you are hungry/thirsty

Ask and say how much something costs

Cànan:

Practising numbers



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh




Coimhead



1. Dè tha thu ag iarraidh?

- Èist ris na daoine. (Earrann 1)
- Tha iad a' bruidhinn air deochan.
- Dè tha iad ag iarraidh?

Listen to the people. They are talking about drinks. What do they want?



2a. A bheil thu ag iarraidh deoch?

- Èist ri Ailean agus a charaidean. (Earrann 2)
- Tha iad ann an cafaidh.
- Dè tha iad ag iarraidh?
- Sgrìobh an clàr.
- Lion na beàrnan.

Listen to Alan and his friends. They are in a cafe. What do they want to drink? Copy and complete the table.

	Ainm/Name	Deoch/Drink
a.	John	
b.		
c.	Neil	
d.	Isobel	tea
e.		
f.		



2b. Tha mise ag iarraidh...

- Tha thusa anns a' chafaidh cuideachd.
- Dè tha thu fhèin ag iarraidh?

You are in the cafe too. Your teacher or partner will be the waiter. What do you want?



Tha mi ag iarraidh...

Tha am pathadh orm.



Deochan



tì



cofaidh



uisge



sùgh orainseir



sùgh liomaid



sùgh ubhail



còc



bainne



seòclaid theth

To find out what someone wants, you ask:

Dè tha thu/sibh ag iarraidh?

To find out if someone wants something in particular, you ask:

A bheil thu/sibh ag iarraidh...?

Mar eisimpleir:

A bheil thu/sibh ag iarraidh deoch?

A bheil sibh ag iarraidh cofaidh?

Chan eil mi ag iarraidh cofaidh.

Tha mi ag iarraidh tì.

Do you want a drink?

Do you want coffee?

I don't want coffee.

I want tea.



3. Dè tha sibh ag iarraidh?

- Coimhead air na dealbhan.
- Leugh na seantansan.
- Maids na daoine ris an deoch a tha iad ag iarraidh.


Match the people with the drinks they want.

Mar eisimpleir: 2 = f



1. Murchadh

Tha mi ag iarraidh sùgh liomaid.




2. Siùsaidh

Tha mi ag iarraidh bainne.



3. Alasdair

Tha am pathadh orm. Tha mi ag iarraidh uisge.



6. Seonag

Tha mi ag iarraidh sùgh orainseir.



4. Cailean



5. Màiri Anna


Cha toigh leam ti no cofaidh. Tha mi ag iarraidh seòclaid theth.



a.



d.



b.



e.



c.



f.



4a. A bheil am pathadh ort?

- Èist ris na daoine. (Earrann 3)
- A bheil am pathadh orra?
- Sgrìobh an clàr.
- Cuir anns a' bhogsa cheart.

Listen to these people. Are they thirsty? Copy the table. Tick the correct boxes.



4b. A bheil am pathadh ort?

- Èist a-rithist. (Earrann 3)
- Dè tha iad ag iarraidh?
- Lìon na beàrnan ann an 4b.

Listen again. If they are thirsty, what do they want to drink? Fill in the blanks in 4b.

		4a		4b
	Name	Thirsty	Not thirsty	Wants
a.				
b.	Thomas	<input checked="" type="checkbox"/>		
c.				
d.				
e.				
f.				



To find out if someone is thirsty, you ask:

A bheil am pathadh ort/oirbh? Are you thirsty?

To say you are thirsty or not, you say:

Tha am pathadh orm. I am thirsty.

Chan eil am pathadh orm. I am not thirsty.

You have used the words **orm**, **ort** and **oirbh** many times before.

Mar eisimpleir:

Tha seacaid **orm**. An e lain an t-ainm a th' **ort**? A bheil brògan **oirbh**?

Using what you have learned before, think about how you would say the following:

Is she thirsty? Is he thirsty?

She is thirsty. He is thirsty

She isn't thirsty He isn't thirsty

Discuss your answers with your partner.



5. Anns a' chafaidh

- Obraich ann am buidheann.
- Tagh neach-frithealaidh.
- Dè tha daoine ag iarraidh?
- Sgrìobh ann am Beurla.
- Gabh turas mu seach.

Work in a group. Choose a waiter. He/she will find out what everyone wants to drink. Take turn about. Write the order in English.









6. Dè tha iad ag iarraidh?

- Maids na daoine ris an deoch a tha iad ag iarraidh.
- Sgrìobh seantans dha gach duine.

Match the people with the drinks they want. Write a sentence for each one.

Mar eisimpleir: **Tha Raibeart ag iarraidh bainne.** Robert wants milk.

a.	Calum	
b.	Pòl	
c.	Sine	
d.	Nazeem	
e.	Raibeart	
f.	Eilidh	

Note: Blue lines connect the names to the drinks: Calum to coffee, Pòl to green juice, Sine to milk, Nazeem to chocolate drink, Raibeart to white milk, and Eilidh to tea.



7. Tha an t-acras orm

- Èist ris na daoine. (Earrann 4)
- Tha iad a' bruidhinn air biadh.
- Coimhead air na dealbhan.
- Dè tha iad ag iarraidh?



a.



b.



c.



d.



e.



f.



g.



h.



i.



j.



k.



l.



m.



n.





8a. Anns a' chafaidh

- Èist ris na daoine. (Earrann 5)
- Tha Ailean agus a charaidean anns a' chafaidh a-rithist.
- Tha an t-acras orra.
- Dè tha iad ag iarraidh?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Alan and his friends are in the café again. They are hungry. What do they want? Fill in the order form for the kitchen in English.

Cafaidh Cofaidh Bòrd 3	
Biadh/Food	
a.	
b.	
c.	
d.	
e.	
f.	



8b. Ceistean

- Èist a-rithist. (Earrann 5)
- Freagair na ceistean.

Listen again. Answer these questions for bonus points.

1. What does Allan say to get the waiter's attention?
2. Why is the waiter worried?
3. When will their food be ready?



8c. Tha mise ag iarraidh...

- Tha thusa anns a' chafaidh cuideachd.
- Dè tha thu fhèin ag iarraidh?

You are in the café too. Your teacher or partner is the waiter. What do you want?



Feasgar math!
Dè tha sibh ag iarraidh?

Tha an t-acras orm!
Tha mi ag iarraidh feòil,
buntàta, glasraich,
sliseagan agus cèic!

Biadh



feòil



buntàta



iasg



cearc



aran donn



aran geal



tost



càise



uighean



saillead



brot



ìm



cèic



piotsa



sliseagan



paidh ubhail



currain



uinneanan



ubhal



orainsear



peur



briosgaidean



suiteis



coiridh



isbeanan



reòiteag



silidh



uachdar



glasraich



measan



ceapaire



9. Feòil no sailead?

- Leugh na seantansan.
- Coimhead air na dealbhan.
- Tha an t-acras agus am pathadh air daoine.
- Dè tha na daoine ag iarraidh?
- Maids na dealbhan ris na seantansan.



a.



b.



c.



d.



e.



f.

	Ainm/Name	Tha mi ag iarraidh...	Litir/Letter
1.	Màiri	paidh ubhail le uachdar agus cofaidh dubh.	
2.	Cailean	cupa tì le cèic seòclaid.	
3.	Seònaid	feòil agus buntàta.	
4.	Seumas	ceapaire càise.	
5.	Daibhidh	brot glasraich le aran geal.	
6.	Eilidh	isbeanan is sliseagan le sùgh orainseir.	

To find out if someone is hungry, you ask:

A bheil an t-acras ort/oirbh? Are you hungry?

To say whether you are hungry or not, you say:

Tha/chan eil an t-acras orm. I am/am not hungry.



10a. A bheil an t-acras ort?

- Èist ris na daoine. (Earrann 6)
- A bheil an t-acras orra?
- Sgrìobh an clàr.
- Cuir ✓ anns a' bhogsa cheart.

Listen to these people. Are they hungry? Copy the table. Tick the correct boxes.



10b. A bheil an t-acras ort?

- Èist a-rithist. (Earrann 6)
- Cò tha ag iarraidh biadh?
- Dè tha iad ag iarraidh?
- Lìon na beàrnan ann an 10b.

Listen again. If they are hungry, what do they want to eat? Fill in the blanks in 10b.

		10a		10b
	Name	Hungry	Not hungry	Wants
a.				
b.	Elizabeth			
c.				
d.	Barbara			
e.	Michael			
f.				



10c. Is toigh leam piotsa

- A bheil an t-acras air do charaid?
- Dè tha e/i ag iarraidh?

Is your partner hungry? If so, what does he/she want to eat?



11. Dè am biadh as toigh leat?

- Tha Màiri a' dèanamh rannsachadh anns a' chlas.
- Dè am biadh as toigh le daoine?
- Leugh am fiosrachadh.
- Freagair na ceistean.

Mary is doing a survey in her class. She found out what foods people like. Read her results. Answer the questions.

Ainm	Fiosrachadh
Calum	Is toigh leam piotsa agus sliseagan. Cha toigh leam buntàta no ùbhlan idir. Airson bracaist, is toigh leam tost agus cupa tì.
Alasdair	Is toigh leam macarònaidh càise agus paidh ubhail. Cha toigh leam feòil idir. Tha i grod! Airson bracaist, is toigh leam uighean agus sùgh orainseir.
Fionnghal	Aig àm dinneir, is toigh leam lasagne agus sailead. Tha m' athair uabhasach math air còcaireachd. Cha toigh leam brot no orainsearan. Chan eil mi a' gabhail bracaist anns a' mhadainn.
Mohammed	Is toigh leam iasg agus cearc. Cha toigh leam feòil dhearg idir. Is toigh leam cofaidh no tì agus tost le ìm airson bracaist. Uaireannan, tha mi a' gabhail brochan le bainne agus siùcar.
Karen	Is toigh leam aran – aran donn le càise agus sailead. Is toigh leam iasg uaireannan ach cha toigh leam sliseagan no seòclaid. Airson bracaist, is toigh leam cupa cofaidh agus briosgaid.

Ceistean

1. Ceart no ceàrr?

Are these statements true or false?

- Calum likes potatoes and apples.
- Alasdair thinks meat is horrible.
- Fiona's mum is a really good cook.
- Mohammed likes fish and meat.
- Karen sometimes likes fish.

2. Freagair na ceistean.

Answer the questions.

- Who doesn't eat breakfast in the mornings?
- Who has a cup of coffee and a biscuit for breakfast?
- What kind of meat does Mohammed not like?
- What does Alasdair like for breakfast?
- What does Calum not like?

3.

- Dèan rannsachadh.
- Cùir ceistean air do charaid.
- Dè am biadh agus an deoch as toigh leis/leatha?
- Dè nach toigh leis/leatha?

Do some research. Ask your partner some questions. What food and drink does he/she like?

Mar eisimpleir:

Màiri: An toigh leat isbeanan?

Iain: Cha toigh. Cha toigh leam feòil idir.



12a. Dè as toigh leat fhèin?

- Dè am biadh agus an deoch as toigh leat fhèin?
- Sgrìobh liosta ann an Gàidhlig.

What food and drink do you like?

Write a list in Gaelic for each meal.

Mar eisimpleir:

Airson bracaist, is toigh leam...

- | | |
|----------------------|-----------|
| a. Bracaist | Breakfast |
| b. Diathad | Lunch |
| c. Grèim bidh | Snack |
| d. Dinnear | Dinner |
| e. Suipear | Supper |



12b. Dè am biadh nach toigh leat?

- Dè nach toigh leat?

What do you not like?

Cha toigh leam...



13. Rannsachadh

- Dèan rannsachadh air biadh agus deoch.
- Dè am fiosrachadh a tha thu ag iarraidh?
- Faighnich ceist no dhà.
- Seo eisimpleirean de cheistean.

Do your own survey about food and drink. What do you want to find out? Prepare one or two questions you want to ask. Write or record the answers you get. Here are some questions to help you.

- Dè am biadh as toigh leat?
- An toigh leat iasg?
- A bheil thu a' gabhail bracaist anns a' mhadainn?
- Dè tha thu ag iarraidh airson diathad?
- An toigh leat am biadh anns an sgoil?
- Dè tha thu ag iarraidh aig àm dinneir a-nochd?
- A bheil an t-acras ort an-dràsta?
- A bheil am pathadh ort?



Faclan feumail

math dhut	good for you
blasta	tasty
anns na bùthan	in the shops
fallain	healthy
saor	cheap
beag-shaill	low fat
prìs mhath	good price
Abair bargan!	What a bargain!
Am biadh/an deoch as fheàrr san t-saoghal!	The best food/drink in the world!



14. Postair

- Dèan postair air biadh no deoch.
- Cuir dathan agus faclan ris.
- Dèan gu snasail e.
- Cleachd na faclan ùra.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Make a poster advertising food or drink. Make it colourful. Write a slogan to help sell your product. An example has been done for you. Use as much new vocabulary as you can.

Bainne
Tha e blasta agus math dhut!
Anns a' bhùth an-diugh!
Mmmath dhut!



15. Dealbh-chluich

- Tha thu fhèin agus do charaid(ean) ann an cafaidh.
- Tha sibh ag iarraidh diathad.
- Dèan dealbh-chluich.
- Clàraich an dealbh-chluich.


You and your friend(s) are in a café for lunch. Write and perform a short sketch. Someone should play the waiter/waitress and the others will be customers. Remember to be polite when you are ordering and receiving your food. Will the food be fantastic or awful? You decide. Tell the waiter what you think of the food and service. Your teacher might be able to record you. Use some of the **Faclan feumail** to help you.



Faclan feumail

A bheil sibh ag iarraidh...?
Dè tha sibh ag iarraidh?
Tha mi ag iarraidh...
An toigh leibh am biadh?
Is toigh leam...
Cha toigh leam...
Bu toigh leam...
Am faigh mi...?
A bheil ... agaibh?
Tha ... agam.
Chan eil ... agam.
Tha mi duilich.
ceart gu leòr
A bheil am biadh a' còrdadh ribh?
Tha an t-iasg math.
Tha an còcaire sgoinneil.
blasta
grod
Euch!
An robh sin math?
Bha e fìor mhath.
Cha robh e math idir.
Mòran taing!
Mar sin leibh!

Do you want...?
What do you want?
I want...
Do you like the food?
I like...
I don't like...
I would like...
May I get...?
Do you have any...?
I have...
I don't have any...
I'm sorry.
OK
Are you enjoying the food?
The fish is good.
The chef is great.
tasty
horrible
Yuck!
Was that good?
It was really good.
That wasn't good at all.
Many thanks!
Goodbye!



16. Turas Chailein

- Tha turas fada gu bhith aig Cailean.
- Tha e a' fuireach anns na Hearadh.
- Tha e a' dol a Ghlaschu.
- Dè am biadh agus an deoch a tha e ag iarraidh?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.



Colin has a long journey ahead of him. He lives in Harris and is going to Glasgow. You must make sure that he eats well to keep up his strength. Complete the exercise. Try to use as many different words as possible.

1. What should he have for breakfast on the ferry?
2. The bus stops at a café in Kyle mid-morning. What does Cailean have?
3. The bus stops in Fort William for lunch. There are various sandwiches in the station café. Which fillings can he choose from?
4. He arrives in Glasgow in time for dinner and is delighted when he sees the menu. What do you think is on the menu that evening?
5. Cailean remembers the rules about healthy eating. Has he had his five portions of fruit and vegetables? If not, what he could have for supper?



17. Dà sgillinn

- Èist ris na daoine. (Earrann 7)
- Dè an t-airgead a th' aca?



a.



b.



c.



d.



e.



f.



g.



h.



i.



j.



k.



l.



18. Nam sporan, tha...

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 8)
- Dè an t-airgead a th' aca?

Listen to these people. How much money do they have?

- Màiri
- Tomas
- Micheal
- Donna
- Seumas
- Shahira



Faclan feumail

sgillinn	pence
not(aichean)	pound(s)
caogad sgillinn	50p
seasgad not	£60
leth-cheud sgillinn/not	is also used for 50p/£50

Airgead



sgillinn



dà sgillinn



còig sgillinn



deich sgillinn



fichead sgillinn



caogad sgillinn/
leth-cheud sgillinn



not



dà not



còig notaichean



deich notaichean



fichead not



caogad/leth-cheud not



ceud not

Prisean

Dealing with money and prices in Gaelic is easy if you already know the numbers.

Remember when you are talking about one of something, you don't need the word **aon**. So, for 1p and £1 you just say **sgillinn** and **not**. This is the same as **uair** for one o'clock.

Àireamhan

When using numbers after ten for a number of items, the item you are counting goes in the middle of the number - whether it's pounds, hours, pence, cats, dogs, brothers, biscuits or bananas!

Mar eisimpleir:

dà uair dheug	twelve o'clock
còig sgillinn deug	15p
fichead not 's a sia	£26
caogad cat 's a còig	fifty five cats
trì bràithrean deug	thirteen brothers
ceathrad banana 's a ceithir	forty four bananas
naochad briosgaid 's a trì	ninety three biscuits



19. Dà sgillinn dheug

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 9)
- Dè an t-airgead a th' aca?

Listen to these people. How much money do they have?



20. Prìsean

- Èist ris na daoine seo anns na bùthan. (Earrann 10)
- Dè tha iad a' ceannach?
- Dè phrìs a tha iad?

These people are in the shops. What are they buying? What do the items cost?

	Ainm/Name	Rud/Item	Prìs/Price
a.			
b.			
c.	Sandra		
d.	Martin		
e.			
f.			



21a. Còig notaichean

- Maids na prìsean.

Match the prices in words to the prices in figures.

Mar eisimpleir: a = 2

- còig notaichean
- seasgad not 's a h-ochd
- còig notaichean deug
- trithead sgillinn 's a trì
- ceathrad sgillinn
- ochd sgillinn deug
- naochad not 's a seachd
- deich notaichean agus ceathrad sgillinn

- £10.40
- £5
- £15
- £97
- £68
- 18p
- 33p
- 40p





21b. Abair prìs!

- Sgrìobh na prìsean ann am figearan.

Write these prices in figures.

- trì notaichean
- ochd sgillinn
- dà not agus caogad sgillinn 's a trì
- not agus naochad sgillinn 's a naoi
- seachdad not
- ceud not
- aon sgillinn deug
- ceathrad not 's a sia



Faclan feumail

Prìsean



	Pence	Pounds
1	sgillinn	not
2	dà sgillinn	dà not
3	trì sgillinn	trì notaichean
5	còig sgillinn	còig notaichean
10	deich sgillinn	deich notaichean
11	aon sgillinn deug	aon not deug
12	dà sgillinn dheug	dà not dheug
15	còig sgillinn deug	còig notaichean deug
20	fichead sgillinn	fichead not
25	fichead sgillinn 's a còig	fichead not 's a còig
30	trithead sgillinn	trithead not
47	ceathrad sgillinn 's a seachd	ceathrad not 's a seachd
50	caogad sgillinn	caogad not
73	seachdad sgillinn 's a trì	seachdad not 's a trì
100	-	ceud not



22. Ag obair ann am bùth

- Èist ris a' mhanaidsear. (Earrann 11)
- 'S e neach-bùtha a th' annad.
- Tha thu a' cur prìs air gach rud.
- Sgrìobh na prìsean gu h-iseal.

Listen to the manager of the local shop. You're a shop assistant. He gives you prices of several items. Write the prices in figures.



If you want to find out how much something costs you ask:

Dè phrìs a tha...?

or

Dè na tha...?

Mar eisimpleir:

Dè phrìs a tha am bainne?

or

Dè na tha am bainne?

What price is the milk?

How much is the milk?

To say what how much something costs, you say:

Tha e/i... (followed by the price)

Mar eisimpleir:

Tha e deich notaichean.

It's £10.

Tha iad dà not.

They are £2.

Tha briosaidean ochdad sgillinn.

Biscuits are 80p.



23. Sanas

- Tha am manaidsear ag iarraidh sanas airson uinneag na bùtha.
- Dèan postair.
- Cuir faclan ris na dealbhan.

Mar eisimpleir:




As part of your job in the local shop, the manager has asked you to make a poster for the shop window to advertise a product that's on special offer. Make your poster as eye-catching as possible to attract the customers. Make sure you include the price of the product in words.




24a. A bheil orainsearan agaibh?

- Èist ris na daoine anns a' bhùth. (Earrann 12)
- Dè tha iad a' ceannach?
- Dè phrìs a tha na rudan?
- Dè phrìs uile gu lèir?
- Sgrìobh an clàr.
- Lìon na beàrnan.



At the shop, you will be serving customers and dealing with money. Listen to the manager serving these customers. Copy the table. Write what each customer buys and how much it costs. Try to work out if any change is given, and how much.



Customer	Items	Prices
a. Màiri		
	Total	
b. Ahmed		
	Total	
c. Seònaid		
	Total	





24b. Trì peuran

- Tha thu fhèin ag obair a-nis.
- Sgrìobh còmhradh eadar thu fhèin agus Seònaid.
- Tha Seònaid ag iarraidh trì peuran, silidh agus uighean.
- A bheil a h-uile rud agad anns a' bhùth?
- Dè a' phrìs a tha na rudan?
- A bheil Seònaid crosta no laghach?
- Coimhead air obair dhaoine eile cuideachd.

It's your turn to serve a customer now. Write the conversation you have with Janet. She wants three pears, jam and eggs. Is everything in stock? What price are the items? Is Janet bad-tempered or nice? When you have finished, look over the work of others in the class. Do you have any advice on how the work could be improved? You may want to write a comment on their work. Be fair and positive!





25. Sradag air an t-sràid

- Leugh an earrann bhon iris ùir, *Sradag*.
- Tha na daoine ann am bùthan Inbhir Nis.
- Dè cheannaich iad?
- Dè phrìs a bha air na rudan?
- Sgrìobh an clàr.
- Lion an clàr.

Sradag – a Gaelic magazine for teenagers runs an article about shopping in Inverness. People say what they bought and how much they spent. Read the article and fill in the table.



1.

- Ainm:** Màiri-Anna NicPhàrlain
Aois: Tha mi trì-deug
Dè fhuair thu? Fhuair mi sgiorta dhearg airson còig notaichean. Abair bargan! Fhuair mi seòclaid cuideachd. Bha sin caogad sgillinn.
Dè as toigh leat? Is toigh leam bùthan aodaich ann an Inbhir Nis. Tha an t-aodach snog agus tha e saor.
Dè tha thu ag iarraidh? Tha mi ag iarraidh бага dubh. Tha багаichean mòra, brèagha anns na bùthan.




2.

- Ainm:** Tomás MacNèill
Aois: Tha mi ceithir-deug.
Dè fhuair thu? Fhuair mi brògan-spòrs spaideil airson seasgad not. Fhuair mi botal uisge agus iris ball-coise cuideachd. Bha sin dà not agus seachdad sgillinn.
Dè as toigh leat? Is toigh leam bùthan spòrs oir is fìor thoigh leam a bhith a' cluich spòrs sam bith.
Dè tha thu ag iarraidh? Chan eil mi ag iarraidh càil eile. Tha mi a' dol dhachaigh a-nis. Feasgar math!



3.

- Ainm:** Cairistiona Robasdan
Aois: Tha mi còig-deug.
Dè fhuair thu? Bha mo chò-là-breith ann an-dè agus tha airgead agam. An-diugh, fhuair mi dreasa shnog. Bha i ceathrad not. Fhuair mi briogais agus lèine ann am bùth eile. Bha sin trithead not 's a còig.
Dè as toigh leat? Is toigh leam dannsa agus cèilidhean.
Dè tha thu ag iarraidh? Tha mi ag iarraidh seacaid ghorm ach chan eil sgillinn ruadh agam a-nis!



4.

Ainm: Ryan MacDhòmhnail

Aois: Tha mi dhà-dheug.

Dè fhuair thu? Fhuair mi lèine Celtic agus stocainnean ball-coise ann am bùth Rangers dha mo bhràthair. Bha iad daor! Bha an lèine caogad not agus na stocainnean ceithir notaichean deug. Fhuair mi sliseagan agus còc ann am *McDonalds*. Bha sin trì notaichean.

Dè as toigh leat? Is toigh leam a bhith a' dol a-mach còmhla ri mo charaidean.

Dè tha thu ag iarraidh? Tha mi ag iarraidh gèam coimpiutair ach chan eil airgead gu leòr agam an-diugh.



5.

Ainm: Lisa Nic-a-phì

Aois: Tha mi sia-deug.

Dè fhuair thu? Fhuair mi fhìn DVD agus ad agus sgarfa dha mo mhàthair. Bha an DVD dà not dheug agus bha an ad agus an sgarfa còig notaichean.

Dè as toigh leat? Is toigh leam filmichean agus a bhith a' dol dhan taigh-dhealbh. Is toigh leam na bùthan cuideachd.

Dè tha thu ag iarraidh? Tha mi ag iarraidh biadh! Tha an t-acras orm! Tha mi a' dol gu cafaidh a-nis. Mar sin leat!

	Name	Age	Bought	Spent	Likes	Wants
1.						
2.						
3.						
4.						
5.						



Bruidhinn



Dràma



26. Anns na bùthan

- Obraich ann am buidheann.
- Sgrìobh dealbh-chluich mu bhùth.
- Dèan an dealbh-chluich airson a' chlas.

Work in a group. Make up a play in a shop or about shopping. When you have written your script, perform it for your class. You may also like to use props to make it more interesting and realistic. You can record your play. Here is some vocabulary that might be useful.

Faclan feumail

Tha ... agam.	I have...
Chan eil ... agam.	I don't have any...
Tha mi duilich.	I'm sorry.
A bheil sibh ag iarraidh...?	Do you want...?
ceart gu leòr	OK
Am faigh mi...?	Can I get...?
Cia mheud?	How many?
Seo ma-thà!	Here you go!
idir	at all
Dè na tha sin a-nis?	How much is that now?
Tha sin...	That's...
Dè?	What?
Obh, obh!	Oh dear!
Tha sin daor!	That's expensive!
Tha sin saor!	That's cheap!
Chan eil airgead gu leòr agam.	I don't have enough money.
Dè fhuair thu?	What did you get?
Fhuair mi...	I got...
Dè phrìs a bha e?	What price was it?
Dè na bha e?	How much was it?
Chan eil sgillinn ruadh agam a-nis!	I haven't a penny now!
Mòran taing!	Many thanks!
'S e ur beatha!	You're welcome!

You have reached the end of **Modal 6**

'S math a rinn thu!

Now check your success list to see how you are getting on.



'S urrainn dhomh I can

Name some foods and drinks in Gaelic

Say that I want something

Ask if someone wants something

Say that I am hungry

Say that I am thirsty

Ask and say how much something costs

Faclan is Abairtean

**polite/plural*

Deochan

bainne, am bainne (m)
còc, an còc (m)
cofaidh, an cofaidh (m)
deoch, an deoch (f), deochan
fion, am fion (m)
seòclaid theth, an t-seòclaid theth (f)
sùgh liomaid, an sùgh liomaid (m)
sùgh orainseir, an sùgh orainseir (m)
sùgh ubhail, an sùgh ubhail (m)
tì, an tì (f)
uisge, an t-uisge (m)
A bheil thu ag iarraidh deoch?
Dè tha thu ag iarraidh?
Tha mi ag iarraidh...
Chan eil mi ag iarraidh...
Chan eil mi ag iarraidh càil.
A bheil am pathadh ort?
A bheil am pathadh oirbh?*Tha am pathadh orm.
Chan eil am pathadh orm.
Tha am pathadh air/oirre.
Chan eil am pathadh air/oirre.
A bheil an t-acras ort?
A bheil an t-acras oirbh?*Tha an t-acras orm.
Chan eil an t-acras orm.
Bu toigh leam...
Am faigh mi...?

Biadh

biadh, am biadh (m)
aran, an t-aran (m)
aran-coirce, an t-aran-coirce (m)
aran donn
aran geal
briosgaid, a' bhriosgaid (f), briosgaidean
brochan, am brochan (m)
brocolaidh, am brocolaidh (m)
brot, am brot (m)
brot tomàto

Drinks

milk, the milk
coke, the coke
coffee, the coffee
drink, the drink, drinks
wine, the wine
hot chocolate, the hot chocolate
lemonade, the lemonade
orange juice, the orange juice
apple juice, the apple juice
tea, the tea
water, the water
Do you want a drink?
What do you want?
I want...
I don't want...
I don't want anything.
Are you thirsty?
Are you thirsty?
I am thirsty.
I am not thirsty.
He/she is thirsty.
He/she is not thirsty.
Are you hungry?
Are you hungry?
I am hungry.
I am not hungry.
I would like...
May I get...?

Food

food, the food
bread, the bread
oatcake, the oatcake
brown bread
white bread
biscuit, the biscuit, biscuits
porridge, the porridge
broccoli, the broccoli
soup, the soup
tomato soup

buntàta, am buntàta (m), buntàta
 càise, an càise (m)
 càl, an càl (m)
 ceapaire, an ceapaire (m), ceapairean
 cearc, a' chearc (f)
 cearc ròsta
 cèic seòclaid
 cèic, a' chèic (f), cèicean
 coiridh, an coiridh (m)
 curran, an curran (m), currain
 feòil, an fheòil (f)
 glasraich, a' ghlasraich (f)
 hama (m)
 iasg, an t-iasg (m)
 ìm, an t-ìm (m)
 isbeanan, na h-isbeanan
 macarònaidh càise, am macarònaidh càise (m)
 measan, na measan
 orainsear, an t-orainsear (m), orainsearan
 paidh ubhail, am paidh ubhail (m)
 peur, am peur (m), peuran
 piobar, am piobar (m)
 piotsa, am piotsa (m)
 reòiteag, an reòiteag (f)
 sailead, an sailead (m)
 sailead càise
 salann, an salann (m)
 seòclaid, an t-seòclaid (f)
 silidh, an silidh (m)
 siùcar, an siùcar (m)
 sliseagan, na sliseagan
 staoig, an staoig (f)
 suiteis, na suiteis
 tomàto, an tomàto (m), tomàtohan
 tost, an tost (m)
 uachdar, an t-uachdar (m)
 ubhal, an t-ubhal (m), ùbhlán
 ugh, an t-ugh (m), uighean
 uinnean, an t-uinnean (m), uinneanan

Ann an taigh-bìdh

taigh-bìdh, an taigh-bìdh (m)
 cafaidh, an cafaidh (m)
 ann an cafaidh
 anns a' chafaidh

potato, the potato, potatoes
 cheese, the cheese
 cabbage, the cabbage
 sandwich, the sandwich, sandwiches
 chicken, the chicken
 roast chicken
 chocolate cake
 cake, the cake, cakes
 curry, the curry
 carrot, the carrot, carrots
 meat, the meat
 vegetables, the vegetables
 ham/bacon
 fish, the fish
 butter, the butter
 sausages, the sausages
 macaroni cheese, the macaroni cheese
 fruit, the fruit
 orange, the orange, oranges
 apple pie, the apple pie
 pear, the pear, pears
 pepper, the pepper,
 pizza, the pizza
 ice cream, the ice cream
 salad, the salad
 cheese salad
 salt, the salt
 chocolate, the chocolate
 jam, the jam
 sugar, the sugar
 chips, the chips
 steak, the steak
 sweets, the sweets
 tomato, the tomato, tomatoes
 toast, the toast
 cream, the cream
 apple, the apple, apple
 egg, the egg, eggs
 onion, the onion, onions

In a restaurant

restaurant, the restaurant
 café, the café
 in a café
 in the café

neach-frithealaidh, an neach-frithealaidh (m)
seirbheis, an t-seirbheis (f)
clàr-bìdh, an clàr-bìdh (m)
toiseach, an toiseach (m)
annlan, an t-annlan (m)
milsean, na milsean
blasta
math dhut
fallain
beag-shaill
bracaist, a' bhracaist (f)
diathad, an diathad (f)
grèim bìdh
dinnear, an dinnear (f)
suipear, an t-suipear (f)
Euch!
Dè as toigh leat?
Dè nach toigh leat?
Tha mi cho làn ri cnò!

Airgead

airgead, an t-airgead (m)
banca, am banca (m)
anns a' bhanca
bùth, a' bhùth (f), bùthan
anns a' bhùth
anns na bùthan
sgillinn
not, notaichean
dà not
caogad sgillinn
leth-cheud sgillinn
prìs, a' phrìs (f), prìsean
Dè phrìs a tha...?
Dè na tha...?
Tha e deich notaichean.
saor
daor
prìs mhath
Abair bargan!
airson
Chan eil airgead gu leòr agam.
Chan eil sgillinn ruadh agam.
nam sporan
Mòran taing!
'S e do bheatha

waiter/waitress, the waiter/waitress
service, the service
menu, the menu
start, the start
main course, the main course
desserts, the desserts
tasty
good for you
healthy
low fat
breakfast, the breakfast
lunch, the lunch
a snack
dinner, the dinner
supper, the supper
Yuck!
What do you like?
What do you not like?
I'm full up!

Money

money, the money
bank, the bank
in the bank
shop, the shop, shops
in the shop
in the shops
penny/pence
pound, pounds
£2
50p
50p
price, the price, prices
What price is...?
How much is...?
It's £10.
cheap
expensive
good price
What a bargain!
for
I don't have enough money.
I don't have a penny.
in my purse/wallet
Many thanks!
You're welcome!

'S e ur beatha!*

Am biadh/an deoch as fheàrr san t-saoghal!

ma-tà/ma-thà

Eile

iris, an iris (f), irisean

Fàilte!

rud, an rud (m), rudan

turas, an turas (m)

turas fada

You're welcome!

The best food/drink in the world!

then

Other

magazine, the magazine, magazines

Welcome!

thing, the thing, things

journey, the journey

long journey



Sùil air ais 1 Math, math!

- Lorg biadh no deoch.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Solve the clues to find these foods and drinks. Write in Gaelic.

1. Chips and crisps are made from these.
2. This drink comes from a cow.
3. This hot sweet drink is great with marshmallows on top!
4. Scramble these and serve with toast for a good breakfast.
5. A healthy option and popular as a cold meal in the summer.
6. Great for pouring over apple pie.
7. The well-known saying claims that one of these a day keeps the doctor away.
8. Vegetarians don't eat this.
9. These will make your eyes water when you chop them.
10. A cold, sweet treat for a hot day.



Sùil air ais 2 Tha am pathadh orm

- Leugh na seantansan ann an Gàidhlig.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Read the Gaelic sentences. Write the sentences in English. An example has been done for you.

Mar eisimpleir: **Tha mi ag iarraidh cearc ròsta.** I want roast chicken.

1. Tha mi ag iarraidh cearc ròsta.
2. A bheil thu ag iarraidh uisge.
3. Tha mi ag iarraidh iasg agus sliseagan.
4. Chan eil an t-acras orm.
5. Tha mi ag iarraidh tost le càise.
6. Cha robh am pathadh orm.
7. Tha am pathadh orm.
8. Tha mi ag iarraidh piotsa.
9. Bha an t-acras orm.
10. Tha mi ag iarraidh sùgh liomaid.





Sùil air ais 3 Anns a' bhanca

- Maids an t-airgead ris na faclan ceart.

Count the money from each piggy bank. Match the correct figure to the amounts in Gaelic.

Mar eisimpleir: 1 = j

1.       

2.      

3.     

4.    

5.     

6.   

7.          

8.          

9.      

10.         

- | | |
|--|--|
| a. fichead not agus dà sgillinn dheug | g. seachd notaichean deug |
| b. seachd sgillinn deug | h. not agus fichead sgillinn |
| c. caogad sgillinn 's a h-ochd. | i. sia notaichean agus naochad sgillinn 's a naoi |
| d. dà not agus seachdad sgillinn 's a còig. | j. ceithir notaichean agus ceathrad sgillinn 's a seachd |
| e. ochdad not agus seasgad sgillinn 's a còig | |
| f. còig notaichean deug agus trithead sgillinn | |



Sùil air ais 4a Bùth MhicLeòid

- Eist ri Mairead. (Earrann 13)
- Tha i anns a' bhùth.
- Freagair na ceistean.

Listen to Margaret. She's at the shop. Answer the questions.

Ceistean

- Why is Margaret so busy?
- What is the first item she asks for?
 - How much does the item cost?
- Which three vegetables does she ask for?
 - What does the shop assistant say about one of the items?
 - Why is Margaret pleased about this?
- What does the shop assistant say about the orange juice?
 - How much is it?
 - What does Margaret say about it?
 - Which items cost £2.06?
- What is the total cost of Margaret's shopping



Sùil air ais 4b

- Coimhead air dealbh Mairead.
- Dè tha i ag ràdh?

Look at the picture of Margaret below. Can you work out what she is saying?




Chan eil sgillinn ruadh agam.



Sùil air ais 5 Iain anns na bùthan

- Bha Iain anns na bùthan.
- Chan eil sgillinn ruadh aige a-nise.
- Dè cheannaich e?
- Dè na bha gach rud?
- Sgrìobh an clàr.
- Lion na beàrnan.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Iain has been shopping. He hasn't a penny left. What did he buy? What did the items cost? Copy and complete the table in Gaelic.



	Rudan a cheannaich Iain	A' phrìs
a.		trì notaichean agus fichead sgillinn 's a naoi
b.		
c.		
d.		
e.		
f.		
g.		
h.		
i.		



Sùil air ais 6 Dè tha thu ag iarraidh?

- Èist ris na ceistean. (Earrann 14)
- Sgrìobh freagairt do gach ceist.
- Leugh na freagairtean còmhla ri do charaid no ris an tidsear.

Listen to the questions. Write an answer for each one. When you have finished, read your answers to your partner or your teacher.



Sùil air ais 7 Òran

- Èist ris an òran. (Earrann 15)
- Seinn còmhla.

Biadh agus Deoch

(Air fonn: *Brochan Lom*)

Brochan agus bainne agus isbeanan is piotsa,
Brochan agus bainne agus isbeanan is piotsa,
Brochan agus bainne agus isbeanan is piotsa,
Sailead càise, brot, buntàta, cupa tì is briosgaid.

Aran donn is aran geal, sliseagan is reòiteag,
Aran donn is aran geal, sliseagan is reòiteag,
Aran donn is aran geal, sliseagan is reòiteag,
Orainsear is ùbhlan, agus suiteis agus seòclaid.





Biadh air a' Ghàidhealtachd

- Leugh mu Mhòrag NicDhòmhnaill.
- Bha Mòrag a' fuireach air croit ann a' Heàrrlais faisg air Dùn Bheagan anns an Eilean Sgitheanach nuair a bha i òg.
- Bha trì peathraichean agus ceithir bràithrean aig Mòrag – teaghlach mòr.
- Ach, an robh an t-acras air an teaghlach?
- Cha robh idir!
- Freagair na ceistean.

Morag MacDonald was born in 1935 on a croft in Harlosh, near Dunvegan in Skye. She was the seventh child in a family of eight and although there were a lot of hungry mouths to feed, there was always food on the table. Here are some of Morag's recollections of the war years and just after.

Food was cooked on a range. Cooking took up a big part of the day. As soon as one meal was over, preparation was made for the next. The table was set properly for the meal and the whole family was expected to sit round the table. In the morning, we ate **porridge**. Some of my brothers preferred pease brose. It was similar to porridge, but was reddish-brown in colour. We had two cows so they provided us with all the **milk**, **cream**, and **butter** we needed. My mother would make her own butter and we would all have to take turns at churning. If ever a cow went dry in the village, neighbours were always willing to help out with milk. I loved crowdie, which was like a sour-tasting cream **cheese** made from buttermilk. It was great with oatcakes. During the war when food was rationed, an old lady up the road used to give me her cheese ration because I had the same name as somebody she liked. I was delighted by this deal!

We had **eggs** from our own hens and I don't remember ever having powdered eggs which were so common during the war. We killed a **chicken** for **meat** occasionally but I found this hard as they were almost like pets. Chicken was a treat. It was always boiled first for **soup** and then the meat was eaten. We occasionally killed our own sheep for the pot, but you had to apply for a licence to do it. When a sheep was killed, my mother would make white pudding. We would go down to the shore to clean out the sheep's stomach in a rock pool and this would then be stuffed with oatmeal,



suet, onions, salt and pepper. Beef was bought occasionally from the butcher's van, but again the cut of meat would be cheap and would be slow-cooked. There was almost always a pan of soup on the range and there was no need for stock cubes in those days. Skirlie – a mixture of oatmeal, chicken fat and seasoning – was often given to us with mashed turnip and mashed potatoes. I loved it but some of the family moaned that it was dry and boring. During the war in our house we called skirlie 'utility marag'. It was a bit like white pudding, but it was available anytime and was made from the most basic of ingredients. I never saw my mother make black pudding.

Bread wasn't made in the house. Packed bread came from *Bilsland's* bakery in Glasgow on the *Dunara Castle*, the steamer which brought all goods to the village. If the weather was bad,

nothing came and the village could be without bread for days. Scones were made every day – griddle scones, oven scones and treacle scones. Jam was home-made from rhubarb, blackcurrants, raspberries and brambles. My mother was an expert at dumpling and the smell in the house when she was boiling a dumpling was amazing.

Fish was plentiful and was caught locally, often by my brothers. We ate mostly haddock. My mother wouldn't have mackerel in the house and said it was a scavenger of the sea. From November onwards, handfuls of tiny cuddies were put on to fry. Any extra fish would be given to neighbours.

Vegetables were grown on the croft, especially potatoes. They were a very important part of our diet and when my brothers asked what was for dinner, they expected to have **potatoes** with every meal. We would also have **carrots**, cabbage and onions.

A mobile shop came round from *Lipton's* in Portree. My mother would buy corned beef and during the war, *Spam*, pink meat in a tin. I was seven or eight when I first tasted *Corn Flakes* in somebody else's house and I'd never tasted anything like them. I insisted that my mother buy them from the van the next time it came round. I'm sure she couldn't afford it, but I was very fond of my food!

I was around the same age when I first tasted ice cream whilst in Mallaig to get my aunt from Glasgow from the train. The ice cream was in a paper case like a fairy **cake** and I was so excited I wanted to take some home to my little brother.

For a snack we would be most likely to have bread and **jam**. I remember once my brother



knocking a big jar of jam off the shelf in the pantry and the jar smashing on the floor. It was like somebody throwing your favourite sweets in the bin – we couldn't believe something so awful could happen. We would also make toast on a long fork in front of the fire. Although the food was plain and simple, there was always a dessert available – usually a milk pudding. We had fruit, but not often and sometimes even a sour cooking **apple** was a treat. A banana was a very exotic fruit to us. Apples and **oranges** were given to us as Christmas presents, so they were something special and not available all year round.

We drank a lot of milk and water from our own well. Tea was always offered to us and very occasionally we got a drink of lemonade, but not often enough! There wasn't much coffee around as it was too expensive. My father loved it and would walk miles for the chance of a cup.

School dinners were not great. From Monday to Thursday we had soup made from fatty meat with a few vegetables. The teacher made the soup on a *Modern Mistress* stove in the classroom while we worked. I really didn't like the soup at all or the smell in the classroom. Friday was better – we had cocoa with bread and home-made jam made by the girls in Domestic Science (Eaconamas Dachaigh) classes.

We didn't have a hugely varied diet but we ate healthily. There were no ready-made meals so everything was cooked from scratch. When you read these days about healthy food and what people should be eating, we were years ahead of our time!





Obair

- **Obraich còmhla ri caraid.**

Work with a partner.

1 a. There are a lot of foods mentioned in the passage. Look at the list below. These words appear in **bold** in the passage. Write the Gaelic for each one.

- porridge
- milk
- cream
- butter
- cheese
- eggs
- chicken
- meat
- soup
- potatoes
- bread
- jam



b. Find four more words in bold from the passage that don't appear in the list. Write the Gaelic for these words.

2.

- **Obraich ann am buidheann no còmhla ri caraid.**
- **Dèan postair de bhiadh fallain.**
- **Sgrìobh ann an Gàidhlig.**

With a partner/group, make a poster of healthy foods and drinks. What would you include? Why? Write in Gaelic.

3.

- **Obraich ann am buidheann.**
- **Coimhead air Cultar anns gach modal a-rithist.**
- **Tagh cuspair a tha a' còrdadh riut.**
- **Faigh barrachd fios mun chuspair:**
 - air an eadar-lìon**
 - ann an leabhraichean/irisean**
 - bho dhaoine eile. Mar eisimpleir: do phàrantan, do sheanair no do sheanmhair, tidsearan eile san sgoil.**
- **Cuidich do charaidean.**
- **Deasaich òraid air a' chuspair.**
- **Sgrìobh òraid air a' chuspair.**
- **Bruidhinn ris a' chlas mun chuspair a thagh thu.**
- **Bruidhinn ann an Gàidhlig.**
- **Ciamar a chaidh dhut?**

Work in a group. Look at the **Cultar** section in each module again. Choose a topic you enjoyed. Find out more about the topic:

- on the internet
- from books/magazines
- from other people – your parents, grandparents, or other teachers in school.

Help your friends find information on the subject. Prepare a short individual talk on the subject – you can use the computer if you want. Write notes for your talk. Give your talk to other members of the class. Speak in Gaelic. How did you get on?



Taic 6 Ith Biadh Fallain!



- **Tha bracaist math dhut.**
- **Dè tha thu ag iarraidh?**
 - ✓ Tha brochan math dhut.
 - ✓ Cha bhi* thu ag iarraidh rud sam bith eile gu àm dinneir.
 - ✓ Bidh* thu cho làn ri cnò!
 - ✓ Ith uighean, gràn bracaist, tost donn agus measan!
 - ✓ Òl bainne, uisge, sùgh orainseir no sùgh ubhail!
 - ✓ Na ith gràn bracaist le siucar ann – bidh thu sgìth agus bidh an t-acras ort.
- **Anns an sgoil:**
 - ✓ Bidh an obair furasta.
 - ✓ Bidh thu laghach ri daoine.
 - ✓ Cha bhi thu crosta.
 - ✓ Cha bhi an tidsear crosta!

* **bidh** will be ****cha bhi** will not be

Ith measan agus glasraich a h-uile latha.

Cia mheud?

Còig.

Ubhal, orainsear, càl, currain, brocolaidh...

Sin thu fhèin!

Na bi gòrach! Ith biadh fallain!

Na cuir salann air do bhiadh!

A bheil am pathadh ort? Òl uisge!

A bheil an t-acras ort? Ith biadh math!

Math dhut!

Biadh fallain:

uighean	iasg	brochan	measan
cnòthan	bainne	gràn-bracaist	pasta
aran donn	càise	sùgh orainseir	feòil
glasraich	(brocolaidh, buntàta, càl agus tomàtothan)	uisge	

Modal 6

ceum air cheum



Bruidhinn



Cultar



Taic

'S urrainn dhomh/I can

Name some drinks

Name some foods

Say that I am hungry

Say that I'm not hungry

Ask if someone is hungry

Say that I am thirsty

Say that I'm not thirsty

Ask if someone is thirsty

Say that I want something

Say that I don't want something

Say that I don't want anything

Ask if someone wants something

Ask what someone wants

Ask what something costs

Say what something costs

Use various prices

bainne, uisge, sùgh orainseir, tì, cofaidh...

feòil, aran, càise, buntàta, sailead, brot...

Tha an t-acras orm.

Chan eil an t-acras orm.

A bheil an t-acras ort?

Tha am pathadh orm.

Chan eil am pathadh orm.

A bheil am pathadh ort?

Tha mi ag iarraidh...

Chan eil mi ag iarraidh...

Chan eil mi ag iarraidh càil/sìon/dad.

A bheil thu ag iarraidh...?

Dè tha thu ag iarraidh?

Dè phris a tha e/i/iad? Dè na tha e/i/iad?

Tha e/i/iad...

deich sgillinn, còig sgillinn deug, dà not,

còig notaichean deug, trithead not 's a sia

I have learned

about traditional Highland foods

to say how many of something there is

aran-coirce, brochan, iasg

trì bràithrean deug, ochd sgillinn deug,

fichead briosgaid 's a seachd, dà not dheug

lth biadh fallain!

how to improve my brain power with my diet

Ceum a bharrachd 1 Ag obair ann am bùth

- 'S e neach-bùtha a th' annad.
- Dè tha daoine a' ceannach?
- Dè phrìs a th' air gach rud?
- Dè phrìs uile gu lèir?

You are working in a shop. What are people buying? What does each item cost? What is the total cost to each customer? Write the total for each customer in Gaelic.



Leugh



Customer 1:

orainsearan

ochdad sgillinn 's a h-aon

aran

not agus trithead sgillinn 's a seachd

seòclaid

seasgad sgillinn 's a còig

isbeanan

not agus deich sgillinn

fion dearg

ceithir notaichean agus fichead sgillinn 's a naoi

Uile-gu-lèir:

Customer 2:

currain

ceathrad sgillinn 's a dhà

briosgaidean

naochad sgillinn 's a naoi

sùgh liomaid

not agus aon sgillinn deug

dà bhotal uisge

dà not agus ceathrad sgillinn

piotsa

ceithir notaichean agus seasgad sgillinn

reòiteag

trì notaichean agus ochdad sgillinn 's a trì

Uile-gu-lèir:



Customer 3:

feòil

seachd notaichean agus caogad sgillinn 's a h-ochd

iasg

trì notaichean agus fichead sgillinn

uighean

dà not agus deich sgillinn

paidh ubhail

not agus naochad sgillinn 's a sia

iris

dà not agus seachdad sgillinn 's a còig

bainne

not agus dà sgillinn dheug

Uile-gu-lèir:





Ceum a bharrachd 2 Anns a' chafaidh



- Leugh an earrann.
- Leugh mu Chiorstaidh Anna agus a teaghlach.
- Tha iad a' gabhail pàirt ann am prògram telebhisein airson BBC Alba.
- An toiseach, tha i ann an cfaidh còmhla ri a caraidean.
- An uair sin, tha i aig an taigh.
- Dè tha Ciorstaidh Anna ag ràdh?
- Freagair na ceistean.

Kirsty Ann and her family and friends are taking part in a Gaelic television programme for BBC Alba. They are speaking to young Gaelic learners all over Scotland. She is being interviewed first of all in a café with her friends and then at home with her family. Answer the questions.

Neach-telebhisein:

Hallò, agus fàilte gu **A bheil Gàidhlig agad?** An-diugh, tha sinn ann an Inbhir Nis.

Ciorstaidh Anna:

Hai! Is mise Ciorstaidh Anna Mhoireasdan. Tha mi trì-deug agus tha mo chò-là-breith anns a' Ghiblean. Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis. Is toigh leam Inbhir Nis. 'S e baile mòr, trang a th' ann. Seo mo charaidean Eilidh, Stiùbhart agus Raonaid.

Uile:

Hai!

Neach-frithealaidh:

Hallò! Dè tha sibh ag iarraidh?

Ciorstaidh Anna:

Tha mise ag iarraidh rèiteag agus còc. Tha Raonaid ag iarraidh cèic seòclaid agus sùgh ubhail agus chan eil Stiùbhart ag iarraidh càil.

Stiùbhart:

Uill, tha am pathadh orm. Am faigh mi uisge, mas e ur toil e?

Neach-frithealaidh:

Ceart gu leòr. Tapadh leibh.

Neach-telebhisein:


Dè am biadh as toigh leat, a Chiorstaidh Anna?

Ciorstaidh Anna:

Is toigh leam piotsa, sliseagan, cearc agus seòclaid. Is toigh leam measan cuideachd ach cha toigh leam glasaich idir – euch! Tha currain grod agus tha brocolaidh uabhasach! Seall! Seo am biadh. Tha an t-acras orm.

Ceistean

- What is Kirsty Ann's surname?
- When is her birthday?
- How does she describe Inverness?
- What are her friends' names?
- What does each person order in the café?
- What foods does Kirsty Ann like?
- What are her dislikes?



Aig an taigh

Neach-telebhisein:

Feasgar math! Seo sinn aig an taigh a-nise le Ciorstaidh Anna agus an teaghlach. Tha e sia uairean feasgar.

Ciorstaidh Anna:

Seo an taigh agam. Nam theaghlach, tha mo bhràthair mòr, mo phiuthar bheag, m' athair agus mo mhàthair. Thig a-staigh! Seo mo mhàthair, Anna. 'S e dotair a th' innte. Tha i ag obair anns an ionad-slàinte. Tha m' athair ag obair ann an oifis. Tha e ag obair an-dràsta. 'S e Seumas an t-ainm a th' air. Seo mo bhràthair, Coinneach. Tha e sia-deug agus crosta.

Coinneach:

Chan eil mi!

Neach-telebhisein:

Càit a bheil do phiuthar?

Ciorstaidh Anna:

Seo i. 'S e Mairead an t-ainm a th' oirre. Tha i trì bliadhna a dh'aois agus uabhasach snog.

Màthair:

Ceart. Tha an dinnear deiseil. Suidhibh sìos!

Ciorstaidh Anna:

Dè th' ann?

Màthair:

Iasg, buntàta, currain agus brocolaidh.

Ciorstaidh Anna:

Euch! Chan eil an t-acras orm. Cha toigh leam currain no brocolaidh.

Màthair:

Tha iad math dhut, a Chiorstaidh Anna. Ith biadh fallain! Tha thu ro chaoil.

Ciorstaidh Anna:

Ach cha toigh leam iad. Tha mi ag iarraidh cearc ròsta agus sliseagan.

Coinneach:

Cha toigh leam iasg. Tha mise ag iarraidh cearc agus sliseagan cuideachd.

Mairead:

Sliseagan! Cearc! Sliseagan! Cearc!

Màthair:

Huh! Uill, cha toigh leam còcaireachd!

Neach-telebhisein:

Gabhaibh mo leisgeul! Tha an t-acras ormsa... Am faigh mise currain agus brocolaidh?



Ceistean

A. Sgrìobh na seantansan a tha ceart.

Copy the correct statements only.

- Tha bràthair beag agus piuthar mhòr aig Ciorstaidh Anna.
- Tha bràthair mòr agus piuthar bheag aig Ciorstaidh Anna.
- Tha màthair Ciorstaidh Anna ag obair ann an oifis.
- 'S e Seumas an t-ainm a tha air athair Ciorstaidh Anna. Tha e ag obair ann an oifis.
- Tha màthair Ciorstaidh Anna ag obair anns an ionad-slàinte.
- Tha athair Ciorstaidh Anna ag obair an-dràsta.
- 'S e Màiri an t-ainm a th' air piuthar Ciorstaidh Anna.
- Tha bràthair Ciorstaidh Anna crosta.

i. Bha iasg agus glasraich aig an teaghlach aig àm dinneir.

j. Bha cearc agus sliseagan aig an teaghlach aig àm dinneir.

B. Freagair na ceistean.

Answer the questions.

- How old is Kirsty Ann's brother?
- What is his name?
- What information does she give about her sister?
- Why does Kirsty Ann say she is not hungry?
- What does she and her brother and sister want for dinner?
- How does their mum react to their complaints?
- What does the TV interviewer have to say?